

Bòrd Taic Laghail na h-Alba

Gearainean agus Iomraidhean mu Bhòrd Taic Laghail na h-Alba

Tha sinn airson do bheachdan a chluinntinn mun t-seirbheis againn. Bu mhath leinn thu innse dhuinn:

- nuair a tha sinn air rudeigin a dhèanamh math
- mu ghnòthaich sam bith a dh' fhaodadh sinn a dhèanamh na b' fheàrr nad bheachd-sa, agus
- nuair a tha cùisean air a dhol ceàrr

Clàr-innse

1. Dè dh'fhaodas tu gearain mu dheidhinn
2. Na dh' fhaodas tu dùileachadh bhuainn
3. Mar a laimhsicheas sinn gearain
4. Dè cho fad's a bheir e dèiligeadh le gearain
5. Cuir cùisean ceart
6. Co ris an gearain thu
7. Ciamar a nì thu gearain
8. Ma tha thu dhen bheachd nach d'fhuair thu freagart dòigheil bho dhuine aig a Bhòrd
9. Cha bu choir dhut ar modhan gearan a' chleachdadh airson ath-sgrùdadh air co-dhùnadh
10. Buidhnean eile a tha a' dèiligeadh ri gearain mun dreuchd laghail agus na cùirtean
11. Beachdan eile
12. Fiosrachadh mu thaic laghail
13. Mar a tha sinn a' cleachdadh fiosrachadh

1. Na dh'fhaodas tu gearain mu dheidhinn

Tha ar modhan gearan airson gearain mu mar a tha sinn a'coileanadh ar n'obair. Mar eisimpleir:

Gearain mu ar luchd-obrach – ‘s docha gu bheil thu dhen bheachd gu robh cuideigin a chunna tu anns an oifis againn, ris an do bhruidhinn thu air a fòn, no a sgrìobh thugad. Mi-chuideachail no mì-mhodhail.

Gearain mun t-seirbheis a tha sinn a tabhann – ‘s dòcha gu bheil thu dhen bheachd gu robh sinn slaodach no neo-èifeachdach. Oir gun tug sinn dhuit fiosrachadh ceàrr no mì-shoilleir.

Chan eil e a toirt a steach:

Iarraidh oirnn ath-sgrùdadh a’ dheanamh air co-dhùnaidhean mu iarrtas airson taic laghail (faic earrann 9)

Gearain mu luchd-lagh, tagraichean no na cùirtean (faic earrann 10)

Na dh’ fhaodas tu dùileachadh bhuainn

Tha sinn airson an t-seirbheis as fheàrr as urrainn dhuinn a thoirt dhut le:

- a bhith a’ dèiligeadh riut le modh agus urram
- a bhith a’ toirt urram dhad chòir, agus do chòir dhaoine eile, air dìomhaireachd
- a bhith gad chuideachadh ma tha feumalachdan sònraichte agad
- a bhith ag obair cruaidh gus ar buin-tomhais sheirbheis foillsichte agus ar comharran coileanadh a choinneachadh

Gheibh thu buin-tomhais sheirbheis air an làrach-lìn againn no iarr leth-bhreac òirnn – tha an seòladh againn air an duilleig cùil den bhileig seo. Tha na buin-tomhais sin a’ mìneachadh dè dh’ fhaodas tu dùileachadh bhuainn, a’ gabhail a-steach fiosrachadh mun ùine a bheir sinn a’ dèiligeadh le cùis aig na diofar irean.

Tha sinn ag amas air gnothaichean fhaighinn ceart an-còmhnaidh – ach uaireannan, tha sinn a’ dèanamh mearachd no a’ toirt ro fhada. Ma tha duilgheadas ann, is ann mar as luaithe a dh’ innseas tu dhuinn is ann as luaithe a dhèiligeas sinn leis.

Mar a tha sinn a’ làimhseachadh ghearainean

Ma nì thu gearan mun t-seirbheis a tha sinn a’ solarachadh –

- nì sinn rannsachadh air a’ ghearain gu h-onarach, gu mionaideach agus cho luath agus a ghabhas
- làimhsichidh sinn e ann an da-rìribh
- bidh sinn modhail agus cobhaireach
- cha dhèilig sinn leis an iarrtas agad airson taic laghail ann an dòigh eadar-dhealaichte sam bith, ged a tha thu air gearan a dhèanamh
- cha dèan sinn leth-breith ort airson adhbhar sam bith (a leithid dath do chraicinn, cinneadh, nàiseantachd, creideamh, aois, gnè, gnèitheachas, ciorram no inbhe phòsta).

An ùine a bheir e a' dèiligeadh le gearanan

Tha sinn a' feuchainn ri dèiligeadh le gearainean cho luath agus a ghabhas. Mura h-urrainn dhuinn dèiligeadh leis a' ghearain agad anns a' bhad –

- Innsidh sinn dhut an taobh a-staigh seachd latha gun d' fhuair sinn e, agus dè an roinn den Bhòrd a tha ga làimhseachadh.
- Sgrìobhaidh sinn thugad le làn fhreagairt an taobh a-staigh 28 latha.
- Ma tha e a' dol a thoirt barrachd na 28 latha do ghearain a rannsachadh, sgrìobhaidh sinn thugad a' mìneachadh carson agus ag innse dhut cuin a dh' fhaodas dùil a bhith agad ri làn fhreagairt bhuainn.

Ma dh' iarras tu òirnn breithneachadh air a' ghearain, bheir e an ùine cheudna.

A' cur chùisean ceart

Nuair a thèid rudeigin ceàrr, tha sinn a' feuchainn ri a chur air dòigh gu luath agus gu cothromach. Mas e ar coire-ne a th' ann –

- gabhaidh sinn ris agus gabhaidh sinn do leisgeul
- mìnichidh sinn dè a chaidh ceàrr agus carson
- feuchaidh sinn ri a chur ceart cho luath agus a ghabhas
- cleachdaidh sinn na dh' ionnsaich sinn a thaobh do ghearain gus piseach a thoirt air an t-seirbheis againn

Na gnothaichean mu am faod thu gearain rinn

Tha am modh gearain againn airson gearainean co-cheangailte ri mar a tha sinn a' dèanamh ar n-obair. Tha e a' còmhach, mar eisimpleir:

- gearainean mun luchd-obrach againn – is dòcha gu bheil thu a' faireachdainn gu robh cuideigin a chunnaic thu san oifis againn, no ris an do bhruidhinn thu air a' fòn no a sgrìobh thugad, mì-chuideachail no mì-mhodhail
- gearainean mun t-seirbheis a tha sinn a' solarachadh – is dòcha gu bheil thu a' faireachdainn gu robh sinn slaodach no neo-èifeachdach, no gun tug sinn dhut fiosrachadh a bha ceàrr no mì-shoilleir

Chan eil e a' còmhach mar eisimpleir, a bhith ag iarraidh òirnn ath-bheachdachadh air co-dhùnaidhean co-cheangailte ri iarrtasan airson taic laghail, no gearainean mu luchd-lagha, luchd-tagraidh no na cùirtean. Is fheudar dèiligeadh leothasan ann an dòighean eile, agus tha cuid dhiubh air an liosta a tha air duilleag den bhileig seo.

An neach ris an urrainn dhut gearan a dhèanamh

Ma tha thu airson gearain mun t-seirbheis a tha sinn a' solarachadh, gabh na ceumanan seo:

1. Anns a' chiad àite, bruidhinn ri manaidsèar na roinne leis an robh thu a' dèiligeadh – mar is trice, bidh iadsan anns an t-suidheachadh as fheàrr gus duilgheadas a rèiteachadh sa mhionaid. Mura h-urrainn dhaibh a rèiteachadh sa mhionaid, nì am manaidsèar tuilleadh rannsachaidh air agus leigidh e fios thugad an taobh a-staigh 28 latha.
Gus ainm a' mhanaidseir fhaighinn a-mach, faodaidh tu sùil a thoirt air an làrach-lìn againn no ceist a chur orra aig an suids-chlàr. No, ma tha thu a' sgrìobhadh thugainn, dìreach seòl an litir gu manaidsèar na roinne leis an robh do ghnothaich.
2. Ma tha thu mì-thoilichte leis a' cho-dhùnadh a thaobh seo, no leis mar a làimhsich an luchd-obrach againn do ghearain, no mura h-eil thu deònach bruidhinn ris a' mhanaidsear airson adhbhar sam bith, faodaidh tu do ghearain a thoirt gu stiùiriche na roinne leis an robh do ghnothaich.
 - airson gearan a' buntainn do dh' iarrtas taic laghail, bruidhinn ri Tòmas Moireach, Stiùiriche Sheirbisean Laghail agus Thagraidhean.
 - airson gearan a' buntainn do dh'airgead a chaidh iarraidh ort a phàigheadh dhuinn, no airgead a th' agad òirn, bruidhinn ri Anndra Mèinnearach, Stiùiriche Sheirbisean Corporra agus Chunntasan.
 - Mura h-eil thu cinnteach cò an stiùiriche ris am bruidhinn thu, cuir fios gu Oifis an Àrd-Oifigear a threòraicheas tu gun an neach iomchaidh.

Faodaidh tu iarraidh òirn ath-bheachdachadh air a' ghearain thùsail agad, no fiosrachadh sam bith a bharrachd a tha thu a' smaoineachadh a bu chòir a bhith againn, a thoirt dhuinn. Rannsaichidh an stiùiriche do ghearain agus leigidh e/i fios thugad an taobh a-staigh 28 latha.

3. Ma tha thu fhathast mì-riaraichte, faodaidh tu iarraidh air an Àrd-Oifigear, Lionsaidh NicGumaraid, ath-bhreithneachadh a dhèanamh air do ghearain. Tha e nas fheàrr ma chuireas tu seo ann an sgrìobhadh. Ach, ma nì thu e ann an dòigh eile, beachdaichidh an t-Àrd-Oifigear air a dh' aindeoin sin. A-rithist, leigidh an t-Àrd-Oifigear fios thugad air thoradh sin an taobh a-staigh 28 latha den iarrtas agad airson ath-bhreithneachadh.

Ma tha thu air a dhol tro na ceumannan sin uile agus nach eil thu fhathast riaraichte leis an dòigh a làimhsich sinn do ghearain, faodaidh tu bruidhinn ri Ombudsman Sheirbisean Poblach na h-Alba.

Mar a nì thu Gearan

Faodaidh tu gearan a dhèanamh:

- ann an sgrìobhadh, air a' fòn, facs no post-dealain, no gu pearsanta
- a' cleachdadh Teacsa Dìreach BT, a bheir cothrom do dhaoine aig a bheil duilgheadasan claisneachd no labhairt, conaltradh a dhèanamh a' cleachdadh fòn teacsa.
- a' cleachdadh an fhoirm gearain a tha air an làrach-lìn againn aig www.slab.org.uk (no iarr òirn leth-bhreas a chur thugad).

Tha an seòladh, an àireamh-fòn, an làrach-lìn agus an seòladh puist-dealain againn air cùl duilleag aghaidh na bileig seo.

Nuair a nì thu do ghearain, bidh e nas fhasa freagairt luath agus ceart a thoirt dhut ma bheir thu dhuinn:

- d' ainm agus do sheòladh
- an àireamh-bhratha no na h-àireamhan-bratha taic laghail agad, ma tha thu air cur a-steach airson taic laghail
- ainm slàn agus àireamh-bhratha an tagraiche ma tha fios agad air, ma tha thu nad neach-dùbhlain den tagraiche
- ainm ball sam bith den luchd-obrach againn ris an robh thu a' bruidhinn mun ghnothaich, agus àireamhan-bratha sam bith a chuir sinn air litrichean
- am fiosrachadh buntainneach air fad a tha co-cheangailte ris an duilgheadas agad, agus ciamar a tha thu a' smaoinneachadh a bu chòir dhuinn a bhith a' dèiligeadh leis

agus sgrìobh "gearan" aig bàrr na litreach agad.

Mas fheàrr leat, tha foirm againn a tha ag innse dhut dè am fiosrachadh a tha a dhìth òirnn bhual. Nam bu mhath leat leth-bhreac, fònaig no sgrìobh thugainn no faodaidh tu a luchdachadh sìos bhon làrach-lìn againn.

Ma dh' fhònaigeas tu, ma chuireas tu post-dealain no facs, no ma thadhaileas tu air an oifis againn, is dòcha gum feum sinn ceistean a bharrachd a chur ort gus am bi sinn cinnteach cò thu. Tha seo airson do dhìomhaireachd pearsanta a dhìon agus gus dèanamh cinnteach nach toir sinn fiosrachadh pearsanta do dhuine sam bith aig nach eil còir air.

Ma tha thu airson tadhal air an oifis againn le do ghearain, bhiodh e na chuideachadh nam fònaigeadh tu an toiseach airson àm suidhichte a rèiteachadh. Anns an dòigh sin, is urrainn dhuinn cuir air dòigh gum faic thu an neach iomchaidh agus dèanamh cinnteach gu bheil na faidhlichean agus na litrichean ceart aca. Mura h-urrainn dhuinn dèiligeadh leis an duilgheadas agad anns a' bhad, faodaidh tu taghadh an sgrìobh sinn no am fònaig sinn thugad le freagairt.

Ma sgrìobhas tu, no ma chuireas tu facs no post-dealain thugainn, tha e àbhaisteach dhuinn sgrìobhaidh air ais.

Ma tha thu den bheachd nach d' fhuair thu freagairt dòigheil bho neach sam bith anns a' Bhòrd

Mura h-eil thu riarachaidh le freagairt an Àrd-Oifigeir, faodaidh tu gearain ri Ombudsman Sheirbhisean Poblach na h-Alba. (Seòladh gu h-ìosal)

Is urrainn do dh' Oifis an Ombudsman beachdachadh air gearainean mu fhàilligidhean bhuidhnean poblach:

- air mar a tha iad a' stiùireadh an seirbheis
- air mar a tha iad a' solarachadh seirbheis
- air an t-seirbheis a tha iad a' solarachadh

Is urrainn dhan Ombudsman gearan a rannsachadh ma tha thu air ana-ceartas no cruadal fhulang mar thoradh air na fàilligidhean sin.

Feumaidh tu do ghearain a chur gun Ombudsman an taobh a-staigh 12 mìosan bhon àm a fhuair thu a-mach mun ghnothaich mu a bheil thu a' gearain. Ach ann an cuid de shuidheachaidhean àraid, dh' fhaodadh gum bi an t-Ombudsman deònach beachdachadh air do ghearain fiù 's ged a bhiodh e an taobh a-muigh den 12 mìosan sin.

Chan àbhaist don Ombudsman dèiligeadh le gearan mura h-eil thu air a' mhodh-gearain a tha air a mhìneachadh sa bhileig seo a leantainn air fad, agus an dèidh bruidhinn ris an Àrd-Oifigear chan eil thu riarachta leis a' cho-dhùnadh.

Is e seòladh an Ombudsman: Ombudsman Sheirbhisean Poblach na h-Alba, 4 Sràid Melville, Dùn Èideann, EH3 7NS. Air an làimh eile, faodaidh tu fònadh air 0800 377 7330, facs a chur air 0800 377 7331, teacsa air 0790 049 4372 no post-dealain gu ask@spsso.org.uk

Làrach-lìn: www.spsso.org.uk

Cha bu chòir dhut ar modh gearain a chleachdadh airson iarraidh òirnn ath-bheachdachadh air co-dhùnadh

Is ann a tha am modh gearain againn airson ghearainean mun dòigh sa bheil sinn a' dèanamh ar n-obair. Chan eil e a' còmhachadh, mar eisimpleir,

a bhith ag iarraidh òirnn ath-bheachdachadh air co-dhùnaidhean a thaobh iarrtasan airson taic laghail, no gearainean mu luchd-lagha, luchd-tagraidh agus cùirtean.

Thathar a' dèiligeadh leothasan ann an dòighean eile.

Ma tha sinn air d' iarrtas airson taic laghail a dhiùltadh

Ma dhiùltas sinn do thagraidh airson taic laghail, faodaidh tu iarraidh òirnn breithneachadh a dhèanamh air a' cho-dhùnadh. Nì sinn sin agus innsidh sinn dhut a bhuil. Minichidh an neach-lagha agad seo dhut. Faodaidh tu cuideachd comhairle fhaotainn bho Roinn nan Tagraidhean againn mu a bhith ag iarraidh ath-bhreithneachadh.

Tha bileagan againn a tha a' mìneachadh cò air a dh' fheumas sinn beachdachadh nuair a tha sinn a' tighinn gu co-dhùnadh mu cheadachadh taic laghail. Mura h-eil leth-bhreac agad dhiubh, iarr iad air an neach-lagha agad no cuir fios thugainne.

Is dòcha gum bi thu a' smaoinichadh, an dèidh dhuinn breithneachadh air iarrtas airson taic laghail, gu robh an co-dhùnadh againn mì-laghail no mì-reusanta, no nach do lean sinn an dòigh-obrach cheart. Mas ann mar seo a tha, is dòcha gum faod thu cuir an aghaidh a' cho-dhùnaidh anns a' chùirt. Is e "ath-bhreithneachadh laghail" a tha seo. Ma tha a' chùirt den bheachd gun do dhèilig sinn leis a' chùis ann an dòigh mì-reusanta no mì-laghail, dh' fhaodadh gun tèid iarraidh òirnn beachdachadh air ar co-dhùnadh a-rithist. Is iongantach mura feumadh tu comhairle laghail air mar a dheigheadh agad air sin a dhèanamh. Is urrainn dhan neach-lagha agad tuilleadh innse dhut ma dheidhinn.

A chionns gu bheil ath-bhreithneachadh laghail ri fhaotainn, cha dhèilig Ombudsman Sheirbhisean Poblach na h-Alba ri gearain mu thaic laghail ach ann an suidheachaidhean sònraichte

Ma tha thu a' cur an aghaidh taic laghail a thoirt do chuideigin eile.

Ma tha sinn a' beachdachadh air, no ma tha sinn air taic laghail a thoirt don neach-dùbhlain a tha nad aghaidh ann an cùis chatharra agus gu bheil thusa a' creidsinn gu bheil adhbharan ann nach eil còir aca taic laghail fhaighinn, faodaidh tu sgrìobhadh

thugainn ag innse dhuinn mu na h-adhbharan sin. Bu choir dhuit innse dhuinn ma tha thu a' creidsinn

Nach eil an tagraiche airidh air taic laghail air sgàth ionmhais

Nach eil bunait laghail airson na cùise

Nach eil e riatanach airgid poblach a chleachdadh air a chùis

Faodaidh tu seo a dhèanamh aig àm sam bith an dèidh dhaibh cuir a-steach airson taic laghail no fhad `s a tha sinn a' toirt dhaibh taic laghail. Fiù ged a bhiodh tu air cuir na aghaidh mar-thà, beachdaichidh sinn air rud ùr sam bith a dh' innseas tu dhuinn.

Tha bileag againn, "Stiùireadh do luchd-dùbhlain ann an cùisean-catharra taic laghail", a tha a' mìneachadh dè dh' fheumas tu innse dhuinn. Feuch gu leugh thu seo mas e do thoil e, mus leig thu fios thugainn mu dheidhinn cuir an aghaidh iarrtais no tabhartais taic laghail. Bu chòir leth-bhreac den bhileig a bhith air a thoirt dhut nuair a fhuair sinn an t-iarrtas airson taic laghail, ach mura d' fhuair feuch gun iarr thu fear òirn.

Buidhnean eile a tha a' dèiligeadh le gearainean mun dreuchd laghail agus mu na cùirtean.

Ma tha do ghearain mun neach-lagha agad

Bu chòir dhut bruidhinn riutha fhèin an toiseach. Mura h-eil thu riarichte às dèidh sin, bu chòir dhut bruidhinn ris an neach anns a' bhuidheann a bhios a' dèiligeadh le gearanan; feuchaidh iadsan ris an duilgheadas a rèiteachadh.

Ma tha do ghearain mu thaic laghail, bu mhath leinn gun cuireadh tu leth-bhreac thugainn de sgrìobhaidhean no litrichean sam bith mun chùis

Ma tha thu fhathast mì-thoilichte mun t-suidheachadh, faodaidh tu bruidhinn ri Coimisean Ghearanan Laghail na h-Alba (faic shìos)

Ma tha do ghearain mun neach-tagraidh agad

Bu chòir dhut bruidhinn riutha fhèin an toiseach. Ma tha thu fhathast mì-thoilichte mun t-suidheachadh, faodaidh tu bruidhinn ri Coimisean Ghearanan Laghail na h-Alba (faic shìos)

Ma tha do ghearain mu thaic laghail, bu mhath leinn gun cuireadh tu leth-bhreac thugainn de sgrìobhaidhean no litrichean sam bith mun chùis

Ma tha do ghearain mu na cùirtean

Gus gearan a dhèanamh mun chùirt no mu luchd-obrach na cùirte a dhèilig leis a' chùis agad, cuir fios gu Seirbheis Chùirtean na h-Alba, Taigh Hayweight, 23 Sràid Lauriston, Dùn Èideann ED3 9DQ, fòn 0131 229 9200. No faigh a-mach tuilleadh mun mhodh gearain aca air an làrach-lìn aig www.scotcourts.gov.uk.

Coimisean Ghearanan Laghail na h-Alba

Tha an Coimisean seo neo-eisimeileach bho dhreuchd an lagh agus tha e a' laimhseachadh ghearanan mun t-seirbheis aig luchd-lagh. Chan eil cosgais sam bith a luib gearan a dheanamh dhan Choimisean. Faodaidh an Coimisean cuideachd coimhead air mar a tha buidhnean proifeiseanta (mar Comann Lagha na h-Alba no Dàmh an Luchd-Tagraidh) a laimhseachadh ghearan mu dhroch-ghiùlan agus smachd phroifeiseanta agus faodaidh iad na molaidhean aca a chuir an gnìomh.

Cuir fios gu Coimisean Ghearanan Laghail na h-Alba aig:

Oifis nan Stampa

10-14 Waterloo Place

Dùn Èideann EH1 3EG

Fòn: 0131 528 5111

Post-Dealain: enquiries@scottishlegalcomplaints.org.uk

Làrach-lìn: www.scottishlegalcomplaints.org.uk

Ma tha do ghearan mu na cùirtean

Gus gearan a dhèanamh mun chùirt no mu luchd-obrach na cùirte a dhèilig leis a' chùis agad, cuir fios gu Seirbheis Chùirtean na h-Alba, Taigh Hayweight, 23 Sràid Lauriston, Dùn Èideann ED3 9DQ, fòn 0131 229 9200. No faigh a-mach tuilleadh mun mhodh gearain aca air an làrach-lìn aig www.scotcourts.gov.uk

Ma tha do ghearan mu bhritheamh no mu shiorraidh

Gus gearan a dhèanamh mu ghiùlain briteimh no siorraidh, sgrìobh gu

Riaghaltas na h-Alba

Buidheann-stiùiridh Lagh Bun-reachdail agus na Cùirtean

Roinn an Siostam Lagh

Sgioba nan Cùirtean agus Stiùireadh a Cheartais

2W Taigh Naomh Anndra

Rathad Regent

Dùn Èideann EH1 3DG

Ma tha do ghearan mu chasaid

Ma tha do ghearan mu dheidhinn an dòigh san deach cùis eucorach a chasaid, bu chòir dhut fios a chur gu Oifis a' Chrùin agus gu Seirbheis Luchd-casaid a' Chrùin, 25 Sràid Chamber, Dùn Èideann EH1 1LA, fòn 0131 226 2626, post-dealan ps/COPFS@scotland.gsi.gov.uk no faigh a-mach tuilleadh mun deidhinn air an làrach-lìn aca aig www.procuratorfiscal.gov.uk.

Tuilleadh fiosrachaidh

Ged a tha a' bhileag seo a' mineachadh ciamar a ghabhas gearan a dhèanamh mura h-eil thu riarachaidh leis an t-seirbheis againn, tha thu di-beathte aithrisean agus molaidhean a chur thugainn air rud sam bith a bhuineas dhan t-seirbheis a tha sinn a' solarachadh, agus mar a tha an siostam taic laghail ag obair. Cuideachd, chuireadh sinn fàilte air aithrisean mu dheidhinn na modha gearain againn, agus mar a dhèilig sinn leis a' ghearan agadsa.

Feuch gun toir thu dhuinn do bheachd le fios a chur thugainn aig an t-seòladh air an duilleig cùil no air post-dealain aig general@slab.org.uk

Fiosrachadh mu thaic laghail

Tha sinn a' nochdadh sreath de bhileagan mu thaic laghail, a tha a' mìneachadh mar a tha sinn a' dèanamh co-dhùnadh air buileachadh taic catharra laghail no taic eucorach laghail, agus dè dh' fhaodas tachairt ma gheibh thu taic laghail. Tha liosta dhe na bileagan air taobh a staigh duilleag-aghaidh na bileig seo. Faodaidh tu fiosrachadh fhaotainn cuideachd air an làrach-lìn againn aig www.slab.org.uk

Mar a tha sinn a' cleachdadh fiosrachaidh

Le bhith a' cur tagradh a-steach airson taic laghail, tha thu a' toirt cead dhuinn am fiosrachadh a dheasbad taobh a-staigh a' Bhùird, agus far a bheil e riatanach, le daoine eile taobh a-muigh a' Bhùird. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gun dèan sinn sgrùdadh a thaobh do thuarastail leis an neach-fastaidh agad, no na sochairean a tha thu a' faighinn bho Roinn na h-Obrach agus nam Peinnsein.

Faodaidh luchd-lagha, a tha a' riochdachadh Comann Lagha na h-Alba, fiosrachadh a tha anns an tagradh agad fhaicinn mar phàirt de na sgrùdaidhean dearbhachd mathais tuaireamach a bhios an Comann a' dèanamh.

A rèir na lagha, feumaidh sinn a bhith glè fhaiceallach mar a chleachdas sinn fiosrachadh a tha daoine a' toirt dhuinn. Gu h-àbhaisteach, cha toir sinn seachad fiosrachadh a tha duine a' toirt dhuinn le iarrtas airson taic laghail, ach ma an neach a thug dhuinn am fiosrachadh air cead a thoirt dhuinn sin a dhèanamh, no ma tha an lagh ag ràdh gum bu chòir dhuinn am fiosrachadh a thoirt seachad. (Ach, ma tha thu ag iarraidh air cuideigin mar do BhPA bruidhinn rinn mun chùis agad, gabhaidh sinn ris le a bhith a' dèanamh sin, gu bheil thu air cead a thoirt dhuinn a dheasbad leotha.) Tha e cuideachd mar dhleastanas òirnn fiosrachadh sònraichte a chumail dìomhair, agus mar dhleastanas òirnn fiosrachadh eile a thoirt seachad fo Achd Dion Dàta agus Achd Saorsa an Fhiosrachaidh. (Mar eisimpleir, chan fhaod sinn fiosrachadh pearsanta mu neach eile a thoirt dhut. Ach tha a' chòir agadsa fiosrachadh iarraidh òirnn a th' againn mud dheidhinn fhèin, agus fiosrachadh eile a tha sinn a' clàradh mu thaic laghail agus mar a tha sinn ag obair.)

Bidh sinn uaireannan a' cleachdadh an fhiosrachaidh gus an dearbh-aithne agad a sgrùdadh, ma dh'fhònas tu thugainn. Bidh sinn cuideachd a' tionail fiosrachadh àraid gus dèanamh cinnteach nach eil ar dòighean obrach a' dèanamh leth-bhreith mì-laghail, agus gu bheil iad a' ceadachadh co-ionannachd do gach neach.

Nam bu mhath leat tuilleadh fhaighinn a-mach mun dòigh sa bheil sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh a thathar a' toirt dhuinn, feuch gun leugh thu a' bhileag *Ruigsinneachd air Fiosrachadh*, a tha a' mìneachadh mar:

- a gheibh thu a-mach dè am fiosrachadh a tha againn mud dheidhinn
- a dhèiligeas sinn le fiosrachadh a tha againn mud dheidhinn

- a gheibh thu ruigsinneachd air clàran eile agus fiosrachadh oifigeil a tha sinn a' cumail.

Faodaidh tu a' bhileag seo fhaotainn ann an cànanan eile a thuilleadh air Gàidhlig, no ann am Braille, clò mòr no teip èisteachd, le fios a chur gu Bòrd Taic Laghail na h-Alba aig an t-seòladh gu h-ìosal.

Gus fear sam bith de na bileagan againn òrdachadh, fònaig thugainn air 0131 240 1985.

Is e an àireamh-fòn choitcheann againn 0131 226 7061. Tha thu di-beathte fònaigeadh thugainn le Teacs Dìreach BT. Faodaidh tu facts a chur thugainn air 0131 220 4878.

Is e seòladh a' Bhùird:
44 Gàrraidhean Drumsheugh
Dùn Èideann
EH3 7SW

Is e seòladh an làraich-lìn againn www.slab.org.uk. Is e an seòladh puist-dealain againn general@slab.org.uk

Foillsichte sa Mhàrt 2006